

AINM: CLAS: 

Ìre 3 Fìleantaich

# Na Stocainnean

le Iain Mac a' Ghobhainn

**Moladh:** Dh'fhaodar an t-aonad seo a chleachdadh ann an Eòlas Pearsanta is Sòisealta fo na cinn carthannas no co-fhaireachdainn do mhac-an-duine.



Airson barrachd fiosrachaidh mu luchd-siubhail, coimhead air [www.ambaile.org](http://www.ambaile.org) fo Eacaonamaidh – luchd-siubhail.

## Facclair

Leugh an sgeulachd. Coimhead air na faclan/abairtean gu h-ìosal a nochd san sgeulachd. Tagh a' chiall as fhaisge do gach facal no am facal a tha a' ciallachadh an aon rud.

1. **banntrach**

- (a) duine nach do phòs a-riamh
- (b) duine no boireannach a chaill cèile
- (c) boireannach nach do phòs a-riamh
- (d) bana-cheard

2. **pluicean**

- (a) sùilean
- (b) gruidhean
- (c) bilean
- (d) làmhan

3. **spìon**

- (a) beir air
- (b) a' sabaid
- (c) a' goirteachadh
- (d) a' leum



*Bhiodh e fhèin 's feadhainn de na balaich a' togail teanta as t-samhradh ach bhiodh mac na bana-cheird a' fuireach ann an teanta fad na tìde.*

4. **neasgaid**

- (a) beathach fiadhaich a chithear air a' Ghàidhealtachd
- (b) àite far am bi na h-eòin a' neadachadh
- (c) cnap air a' chraiceann
- (d) stoc airson d' amhach a chumail blàth

5. **a' gabhail brath**

- (a) a' sabaid
- (b) ag innse mu na rinn cuideigin do chuideigin eile
- (c) a' cuideachadh
- (d) a' ceangal

## Ceistean

Tha an sgeulachd air fad air a h-innse a-rithist gu h-iseal ach tha i san òrdugh cheàrr. Ann am pàidhrichean, smaoinichibh air an stòiridh a-rithist agus cuiribh gach pìos san òrdugh cheart. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhuibh mar-thà.

a	Thug a' bhantrach stocainnean uaine le daoimeanan dearga dhan bhana-cheard.
b	Fhuair lain trì stràcan bhon tidsear airson a bhith cho mì-mhodhail.
c	Bha lain a' faireachdainn na b' fheàrr nuair a chaidh e dhachaigh an oidhche ud.
d	Bha lain, mac na banntaich, ann an clas Miss MacDonald.
e	Thàinig bana-cheard gu doras banntaich.
f	Chuir lain stad air na sgoilearan eile a bha ag obair air mac na bana-cheard.
g	Bha lain gu math fiadhaich agus leum e air a' ghille eile.
h	Cha robh a' bhantrach ag iarraidh dad a cheannach.
i	Chunnaic mac na banntaich na stocainnean air mac na bana-cheard.
j	Bhruidhinn Miss MacDonald ris an dìthis ghillean.
k	Nuair a thòisich mac na bana-cheard ri gal, thug lain nèapraigear dha.
l	Thuirt mac na bana-cheard gun d' fhuair e na stocainnean bho mhàthair
m	Aig àm plèadha, thug lain an aire gun robh toll mòr ann an geansaidh mac na bana-cheard.
n	Dh'iarr lain air a' ghille eile na stocainnean a chumail.

1	2	3	4	5	6	7	8	9	10	11	12	13	14
e													

## Dealbh-chluich

Ann am buidhnean, sgrìobhaibh sgrìobt dràma airson an stòiridh seo, a' feuchainn ri bhith a' sealltainn cho eadar-dhealaichte 's a tha na caractaran agus mar a tha caractar lain ag atharrachadh tron stòiridh. Smaoinichibh air an dòigh anns am bruidhneadh lain ri mac na bana-cheaird aig an toiseach agus mar a ghabh e truas ris aig an deireadh agus mar a thuig e gun robh na bu lugha aig mac na bana-cheaird na bha aige fhèin.

Nuair a bhios sibh deiseil, faodaidh gach buidheann an dealbh-chluich a shealltainn dhan chlas agus measadh a dhèanamh air a chèile.

**Mar eisimpleir:**

lain: Ghoid thu mo stocainnean. Thoir dhomh air ais iad!

Mac na bana-cheaird: Cha do ghoid mi. Thug mo mhàthair dhomh iad. Air m' onair!

lain: A bhreugadair, gheibh thu bhuam e! Siuthad, a Chaluum, faigh grèim air.

Mac na bana-cheaird: Fàgaibh mi. Burraidhean! Cha d' rinn mi dad ceàrr ...

## Obair leudachaidh

Gheibhear an dealbh-chluich Na Stocainnean air làrach Stòrlann:  
[www.storlann.co.uk/goireasan/drama.html](http://www.storlann.co.uk/goireasan/drama.html)